

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 417. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 113 corresponds to Litir 417.

Nuair a bha mi ann an Eilean Mhanainn **na bu tràithe dhen bhliadhna sa**, ’s iomadh duine a thuirt rium, “Cuin a tha na h-eileanan agaibh – eileanan taobh siar na h-Alba – a’ dol a thighinn for smachd a-rithist?” Bha ball na pàrlamaid aca am measg na thuirt sin rium. Chan eil mi eadhon cinnteach an robh e fhèin is càch ri fealla-dhà. Tha mòran anns an eilean – co-dhiù an fheadhainn aig a bheil ùidh ann an eachdraidh is dualchas – a’ toirt spèis do na seann cheanglaichean eadar an dà rìoghachd.

Ged a tha ceanglaichean do dh’Èirinn cuideachd – agus do Shasainn ’s a’ Chuimrigh – thàinig e a-steach orm gur ann le Alba a tha na seann cheanglaichean as làidire. Chan e a-mhàin na cànanan a tha gar toirt dlùth ri chèile, ach cuideachd na ceanglaichean a chaidh a thogail ri linn nan Lochlannach.

Thathar a’ smaoinichadh gun do nochd a’ Ghàidhlig – no Gaelg – ann an Eilean Mhanainn anns a’ chòigeamh linn no mar sin. Bha an cànan is cultar làidir gu leòr airson seasamh an aghaidh buaidh nan Lochlannach – a ràinig an t-eilean aig toiseach an naoidheamh linn. Thàinig Gàidheal is Gall còmhla agus thathar a’ smaoinichadh gun robh na h-uaislean dà-chànanach airson ùine mhòr. Cha robh ach Gàidhlig, ge-tà, aig na daoine bochda.

Thug na Lochlannaich buaidh mhòr air siostam poilitigeach an eilein, ach cha tug iad uiread buaidh air a’ chànan. Tha **nas lugha fhaclan-iasaid** Lochlannach ann an Gàidhlig Eilean Mhanainn na tha sa Ghàidhlig againn fhèin. Tha grunn ainmean-àite Lochlannach ann, ge-tà. Tha ainm baile Laxey, mar eisimpleir, a’ tighinn bhon aon fhreumh ri Lacasaigh ann an Leòdhas – a’ ciallachadh “abhainn a’ bhradain”.

Tha baile gu tuath air Laxey air a bheil Ramsey – àite eile le ainm Lochlannach. Thathar a’ smaoinichadh gu bheil e co-cheangailte ris an lus ris an canar *creamh* ann an Gàidhlig na h-Alba – *wild garlic*. Nise, ann am Beurla, ’s e aon ainm air an lus seo – *ramsons* – agus bha ainm car coltach ri sin aig na seann Lochlannaich.

Uill, cha bhiodh sin ro choltach mar mhìneachadh air Ramsey – ach a-mhàin airson aon rud. Tha allt ann am meadhan a’ bhaile – a tha a-nise a’ sruthadh fon talamh – air a bheil ann an Gàidhlig an eilein – *Strooan ny Craue* – sin sruthan no allt a’ chreamha. ’S dòcha gun do dh’eadar-theangaich na Lochlannaich ainm an uillt don chànan aca fhèin agus gur ann à sin a thàinig an t-ainm Ramsey.

Tha an t-uabhas de dh’ainmean cinnidh ann an Eilean Mhanainn a’ tighinn bhon Ghàidhlig, ged nach eil sin follaiseach do dh’Albannach anns a’ chiad dol a-mach. Dh’atharraich *Mac* anns na h-ainmean gu tric gu dìreach C – no san latha an-diugh C, K agus

Q. Mar eisimpleir, thàinig Kermode bho MacDhiarmaid, Quarry bho MacGuairne agus Kissack bho MacÌosaig.

Anns an aonamh linn deug, bha Eilean Mhanainn aig ceann rìoghachd air an robh Rìoghachd Mhanainn is nan Eilean. B' iad na h-eileanan sin – an fheadhainn far chosta siar na h-Alba. Ged a bha ceudan de dh'eileanan ann, bhathar a' tomhas – airson adhbharan rianachd – gun robh trithead 's a dhà ann, le Eilean Mhanainn aig cridhe poilitigeach na rìoghachd.

B' e pàrlamaid nan eilean *Tinvaal* – no *Tynwald* – facal a tha a' ciallachadh “pàrlamaid” ann an Lochlannais. 'S ann às a sin a thàinig an t-ainm-àite Beurla a th' air Inbhir Pheofharain – *Dingwall*. Tha Tinvaal fhathast a' dol – agus tha na Manainnich ag ràdh le moit gur e a th' innte a' phàrlamaid as fhaide a mhair – gun bhriseadh sam bith – air an t-saoghal.

* * * * *

Faclan na Litreach: grunn: *several*; Eilean Mhanainn: *Isle of Man*; freumh: *root*; dh'eadar-theangaich: *translated*; moit: *pride*.

Abairtean na Litreach: 's iomadh duine a thuirt rium: *many people said to me*; a' dol a thighinn for [fo ar] smachd a-rithist: *going to come under our control again*; chan eil mi eadhon cinnteach an robh e fhèin is càch ri fealla-dhà: *I'm not entirely sure if he and the others were joking*; a' toirt spèis do na seann cheanglaichean: *respect the old links*; thàinig e a-steach orm: *it occurred to me*; chan e a-mhàin na cànanan a tha gar toirt dlùth ri chèile: *it is not only the languages which bring us close together*; ri linn nan Lochlannach: *in the days of the Norse (Vikings)*; thathar a' smaoinichadh: *it is thought*; gun robh na h-uaislean dà-chànanach: *the upper echelons were bilingual*; cha tug iad uiread buaidh air a' chànan: *they didn't have the same effect on the language*; bha ainm car coltach ri sin aig X: *X had a similar name to that*; cha bhiodh sin ro choltach: *that wouldn't be too likely*; ach a-mhàin airson aon rud: *except for one thing*; a' sruthadh fon talamh: *running underground*; allt a' chreamha: *the stream of the wild garlic*; an t-uabhas de dh'ainmean cinnidh: *many surnames*; ged nach eil sin follaiseach do dh'Albannach: *although that's not obvious to a Scot*; aig ceann rìoghachd: *at the head of a kingdom*; an fheadhainn far chosta siar na h-Alba: *the ones off the west coast of Scotland*; bhathar a' tomhas – airson adhbharan rianachd: *it was reckoned – for administrative purposes*; cridhe poilitigeach: *political heart*; gur e a th' innte a' phàrlamaid as fhaide a mhair: *that it is the longest lasting parliament*.

Puing-chànain na Litreach: Tha nas lugha fhaclan-iasaid Lochlannach ann an Gàidhlig Eilean Mhanainn na tha sa Ghàidhlig againn fhèin: *there are less Norse loan words in Manx Gaelic than in our own Gaelic. There are two ways of dealing with a noun following nas lugha – either by using the preposition de, with the noun in the dative eg tha nas lugha de choin ann a-nis (there are less dogs now) or, as in the example in the Litir, tha nas lugha de dh'fhaclan-iasaid Lochlannach Alternatively the noun goes into the genitive plural and there is no requirement for a preposition eg tha nas lugha chon ann a-nis.*

Gnàths-cainnt na Litreach: na bu tràithe dhen bhliadhna sa [seo]: *earlier this year*.

* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.